



Sgeama Greis Gnìomhachais nan Oileanach

Tha an samhradh seachad agus tha na h-oileanaich a-nise ag ullachadh airson bliadhna eile ag ionnsachadh. Tha seo fìor airson na h-oileanaich a bha ag obair againn thairis air mìosan an t-samhraidh air Sgeama Greis Gnìomhachais Comunn na Gàidhlig (CnaG). Tha an sgeama seo air a bhith a' ruith airson faisg air 10 bliadhna a-nis agus air obair samhraidh a thoirt do chòrr is 200 oileanach gu lèir. Chan e a-mhàin sin ach tha e air cothroman a thoirt do mòran dhiubh obraichean fhaighinn ann an saoghal na Gàidhlig as dèidh dhaibh ceumnachadh. Tha an sgeama air a bhith na bhuannachd do na h-oileanaich agus na buidhnean fhèin agus tha An Comunn Gàidhealach toilichte pàirt a ghabhail ann gach bliadhna.

Tha an Sgeama, air a ruith le CnaG, a' faighinn taic bho Iomairt na Gàidhealtachd & na h-Eileanan, Comhairle nan Eilean Siar, Comhairle na Gàidhealtachd agus Bòrd na Gàidhlig. Tha CnaG a' cur an sgeama air dòigh le buidhnean far a bheil Gàidhlig air a cleachdadh san àite obrach.

Tha Laura NicIleathain air beagan a sgrìobhadh mu dheidhinn an samhraidh aice ann an oifis Steòrnabhaigh:

“S mise Laura NicIleathain, tha mi fichead bliadhna dh' aois 's tha mi a' tòiseachadh air an treas bliadhna san Oilthigh a' dèanamh cùrsa Gàidhlig Cànan agus Cultar ann an Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean. Tha mi an dòchas teagasg a dhèanamh an ath-bhliadhna ann an Glaschu. B'e Gàidhlig a' chiad chànan a bh' agam a' fàs suas agus chaidh mi tro foghlam tro mheadhan na Gàidhlig gus an do dh' fhàg mi an sgoil ann an 2010.

Tha mi air tòrr cothroman fhaighinn nam bheatha ann an rudan mar clubaichean agus obraichean samhraidh. 'S ann le bhith a' bruidhinn Gàidhlig a fhuair mi na cothroman seo agus 's e na cothroman seo a thug brosnachadh dhomh airson cumail orm leis a' chànan.

Fhuair mi cothrom Sgeama Greis Gnìomhachais a dhèanamh a thug dhomh an cothrom eòlas a thogail air a bhith an lùib àite-obrach, na sgilean Gàidhlig agam a leasachadh agus eòlas fhaighinn air an seòrsa obair a tha buidheann ris.

Thòisich mi anns Chèitean agus bhon uairsin tha mi air tòrr eòlas fhaighinn a bhith ag obair mar phàirt de bhuidhean Gàidhlig, ag ullachadh airson tachartasan a leithid a' Mhòd Ionadail agus Fèis Eilean an Fhraoich. Fhuair mi cothrom obrachadh còmhla ri clann, pàrantan agus tidsearan. Thug seo beagan eòlas dhomh air rudan a bhios an luib obair ann an sgoil.

Fhuair mi cuideachd an cothrom a bhith cruthachail tro mheadhan na Gàidhlig le bhith a' cruthachadh cairtean Gàidhlig eadar-dhealaichte. Bha sinn an dùil gun robh fosgladh ann airson rudeigin mar seo.

Tha mi toilichte gun d' fhuair mi an cothrom obair samhraidh fhaighinn aig An Comunn Gàidhealach, tha mi air tòrr ionnsachadh thairis na seachdainean nach bithinn air fhaighinn an àite eile, 's e deagh obair samhraidh a bh' agam.”

Student Summer Placement Scheme

Summer is over and college and university students are now heading back to their studies. This is also the case for the two students we had working with us over the summer months under the Comunn na Gàidhlig (CnaG) Summer Placement Scheme. The scheme has been running for almost 10 years now and has provided summer employment for over 200 students over the years. Not only that, but it has provided great opportunities to many who have gone on to carve out excellent careers for themselves in Gaelic related work. The scheme has been of great benefit to both students and employers alike and one which An Comunn Gàidhealach is delighted to be a part of each year.

The Scheme is administered by CnaG and funded by Highlands and Islands Enterprise, Comhairle nan Eilean Siar, Comhairle na Gàidhealtachd and Bòrd na Gàidhlig. CnaG arranges the placements with businesses and public agencies where Gaelic is the language of the work place.

Laura Maclean has shared some thoughts with us on her time in the Stornoway office over the summer:

“My name is Laura Maclean, I'm 20 and I'm starting my third year of studying Gaelic Language and Culture in the University of the Highlands and Islands in Stornoway. Gaelic was my first language and I've gone through Gaelic Medium Education from croileagan right through to secondary school.

I have had a great deal of opportunities while growing up and it was these extra opportunities that came with Gaelic Medium Education that encouraged me to carry on with Gaelic and gave me confidence in the language.

When I got the opportunity to do a Comunn na Gàidhlig (CnaG) summer placement, I jumped at the chance to gain experience of working in a Gaelic environment with An Comunn Gàidhealach. I have worked here since May and I am thoroughly enjoying it. I'm hoping to do teaching in Glasgow after I finish my degree and during my time at An Comunn I have had great experience in working as part of a team as well as with children.

I have been involved in organising for our Provincial Mòd and Fèis Eilean an Fhraoich which involved a lot of planning and forward thinking as well as a great deal of administration.

I also got the opportunity to show off my craft work skills and be creative through the medium of Gaelic by creating a variety of Gaelic cards for different occasions.

I am thankful I got the opportunity to work at An Comunn Gàidhealach for the summer for the experience I got but also to the staff who helped me gain this experience. It was a brilliant summer placement.”

Laura Maclean



An Comunn Gàidhealach



Oileanaich a ghabh pàirt anns an Sgeama ann an Inbhir Nis:
Alasdair MacLeòid a bha ag obair aig a' BhBC airson an t-sàmhraidh,
Christie NicIlleathain a bha ag obair ann an oifis a' Chomuinn an Inbhir
Nis agus Ellen NicDhòmhnaill a bh' aig Fèisean nan Gàidheal.

Seo an fheadhainn a bh' air Sgeama na bliadhna seo ann am buidhnean ann an Steòrnabhagh:

Màiri NicIlleathain a bh' aig Stòrlann,
Iain Murdo Mac a' Mhaoilein a bha aig CnaG, Laura NicIlleathain a bha ann an oifis a' Chomuinn ann an Steòrnabhagh agus Charlotte NicAoidh a bh' aig a' BhBC.

Cumaibh sùil air an làrach-lìn aca an ath bhliadhna ma bhios ùidh agaibh pàirt a ghabhail air an Sgeama.

Gheibhear fiosrachadh air an làrach-lìn aca:

<http://www.cnag.org/gd/>

Fòn: 01463 234 138

Post-d: oifis@cnag.org



Mòdan Ionadail

Provincial Mods

<http://www.acgmod.org/localmods>

Thèid na Mòdan Ionadail mu dheireadh den bhliadhna seo a chumail anns na seachdainean a tha romhainn, agus chaidh Mòd Ionadach na Dreoluinn a chumail air an deireadh sheachdain a- chaidh. Tha sinn an dòchas gun tèid gu math dha na farpaisich agus na comataidhean gu lèir.

Cuimhnich gun cuir sibh dealbh no dhà thugainn as dèidh làimh de na farpaisich gus an cuir sinn beagan fiosrachadh dhan ath iris den chuairt-litir.

Tha sinn airson taing mhòr a thoirt do chomataidhean na Mòdan Ionadail gu lèir, a tha air a bhith ag obair gu cruaidh thairis air a' bhliadhna gus na Mòdan a ruith agus gus a Ghàidhlig a bhrosnachadh anns na coimhearsnachdan aca.

Taing mhòr cuideachd dha na farpaisich, pàrantan, tidsearan, luchd-teagasg agus a h-uile duine a bhios an sàs anns na Mòdan thairis air a' bhliadhna. Gun an taic a tha seo, cha bhiodh na Mòdan ann.

The few remaining Provincial Mods of 2013 will take place over the coming weeks, with the Mull Provincial Mod having taken place over the weekend. We would like to wish organisers and competitors all the best for their Mod.

Remember to send us some details and photographs of prize-winners which we can include in a future issue of the newsletter.

A big thank you to all of the Provincial Mod committees who work tirelessly throughout the year to ensure their Mod runs smoothly and to promote the language in their communities.

Thank you also to all the competitors, parents, teachers and tutors and to all who get involved throughout the year – without your help these Mods simply could not take place.

Taobh Siar Rois
Wester Ross
20 Sultain / September
Jackie Baker
jhigginsr@aol.com

Dail Riata
Dalriada
21 Sultain / September
Christine Johnston
christinejohnston66@sky.com

Iar-Dheas Rois
S W Ross
27 Sultain / September
Barbara Smith
bi.smith@btopenworld.com

Barraigh & Bhatarsaigh
Barra & Vatersay
27 & 28 Sultain / September
Jane MacNeil
modbharraigh@aol.co.uk

To receive an English version of this form please email: marina@ancomunn.co.uk

An Comunn Gàidhealach



Taisbeanadh na Gàidhlig aig Mòd 2013

Thigibh gu Taisbeanadh na Gàidhlig anns Am Piazza, Pàislig eadar Diluain 14 & Dihaoine 18 Dàmhair.

Bidh measgachadh de bhuidhnean ann le fiosrachadh mu dheidhinn na seirbhisean a tha iad a' tabhann. Nam measg bidh Comhairle nan Leabhraichean le leabhraichean, CDs & DVDs bhon bhùth aca, Clì Gàidhlig, Sabhal Mòr Ostaig, Alba Aosmhor, Dualchas Nàdair na h-Alba agus mòran eile.

Bidh cothrom ann fèileadh a cheannachd, tiodhlacan bho bhùithtean ionadail, mar sin bidh cothrom agaibh tilleadh dhachaidh le rudeigin sònraichte bho Mòd Phàislig.

Cuideachd, bidh tachartasan agus taisbeanaidhean eadar-dhealaichte a' gabhail àite thairis air an t-seachdain aig Taisbeanadh na bliadhna seo mar sin, dèanaibh cinnteach gun tig sibh a chèilidh oirnn.

Tha sinn cuideachd an dòchas gum faigh sinn cothrom blasad bidhe agus deoch ionadail fhaighinn... Chì sinn ann sibh!

Ma tha sibh airson àite a ghlèidheadh aig Taisbeanadh na Gàidhlig no airson tuilleadh fiosrachadh cuiribh post-d gu:

Alison NicEanraig - alison@mypinkiepromise.co.uk

The Mod 2013 Gaelic Showcase

Come and visit the Gaelic Showcase at the Piazza Shopping Centre, Paisley, Monday 14th to Friday 18th October.

There will be a wide selection of exhibitors with lots of information about their products & services. We'll have the Gaelic Books Council who will have many books, CDs and DVDs to sell, Clì Gaidhlig, Sabhal Mor Ostaig, Historic Scotland and Scottish Natural Heritage with lots of information, and many more.

We'll have some special edition kilts for sale, local gifts and organisations who'll help you go home with something nice to remember the Paisley Mod.

And during the week, there will be events, demonstrations and readings within a performance area in the heart of the Showcase so please pop in and say hello. We're even hoping for a little taste of some amazing Scottish food & drink...see you there!

To book a stand at this year's Gaelic Showcase or for any further information please contact:

Alison Henderson - alison@mypinkiepromise.co.uk

U.S.
National
Mòd



Mòd
Naiseanta
Almearagaidh

26th Annual Mòd ~ Saturday, September 21st 2013
Ligonier Highland Games, Idlewild Park, Ligonier, PA

~ ~ ~

An Comunn Gàidhealach



Duaisean a' Mhòid

Taing mhòr dhan a h-uile duine a thill na duaisean aca ron cheann-là. Tha sinn fhathast a' feitheamh ri feadhainn ri thighinn air ais thugainn.

FEUMAR an tilleadh cho luath's a ghabhas. Tha e ag innse gu soilleir anns na Rìghailtean gun tèid peanas a chur air duine sam bith nach till iad ann an tìde. Ma tha duilgheadasan agaibh an tilleadh, cuiribh fios cho luath's a ghabhas.

Dèanaibh cinnteach gu bheil iad air an glanadh agus ann an staid mhath nuair a thilleas sibh iad cuideachd!

Trophies

Thank you to all those who have returned their trophies on time. However there are still a number that are yet to be returned.

*You **MUST** return these as soon as possible. It states clearly in the Rules that fines will be imposed on those who do not return trophies on time. If there is a problem in returning the trophies, please contact us as soon as possible.*

Please also ensure you return the trophies polished and in good condition!

Earrannan Ainmichte Mòd 2014

Bidh Earrannan Ainmichte Mòd 2014 rin ceannachd bho Ionad Fiosrachaidh a' Mhòid, a bhios stèidhichte ann an Talla a' Bhàile, Pàislig, thairis air seachdain a' Mhòid. Ma tha sibh airson ceòl òrdachadh ro-làimhe, cuiribh fios gu:

rena@ancomunn.co.uk

Tha sinn ag ùrachadh an làrach-lìn againn an dràsta, agus cuideachd a' bhùth againn air-loidhne. Nuair a bhios seo deiseil, gheibhear cothrom foidhlichean le ceòl an ath-bhliadhna a cheannachd agus a thoirt bhon làrach-lìn fhèin... cumaibh sùil air!

Mod 2014 Prescribed pieces

Mod 2014 prescribed pieces will be available from the Mod Information Desk during Mod week, which will be located in Paisley Town Hall. If you would like to pre-order your music for next year, please contact: rena@ancomunn.co.uk

We are currently working on an upgrade to our website, which includes work to our online store. The new website will offer the option of buying and downloading Prescribed Music from the website... stay tuned!

Ballrachd

A bheil sibh air ballrachd a' Chomuinn a thoirt a-mach am bliadhna seo? Gus lùghdachadh fhaighinn air prìsean ticeadan, Prògram a' Mhòid, Bùth a' Chomuinn agus mar sin air adhart, dèanaibh cinnteach gu bheil ur ballrachd pàighte.

Cuimhnichibh cuideachd, ma tha seòladh taighe no post-d ùr agaibh, feuch gun innis sibh dhuinn. Ma tha sibh airson fiosrachadh sam bith fhaighinn bhuainn air post-d an àite sa' phost, leig fios dhuinn cuideachd.

Membership

Have you paid your An Comunn Gàidhealach membership this year? To receive discounts on Mod tickets, the Mod programme, the An Comunn Shop and so on, please ensure your membership is up to date.

If you have changed your contact details recently or would prefer to receive correspondence by email rather than by post, please let us know.

Duilleag Facebook a' Mhòid

Bidh feadhainn agaibh air tadhail air an duilleag Facebook againn mu thràth. Ach mur a bheil – thigibh air agus innisibh dha càch mu dheidhinn! Cuiridh sinn fiosrachadh agus naidheachdan sam bith suas an seo dhuibh agus cuideachd air an làrach-lìn againn fhèin. Ma tha sibh air tadhail air an duilleag againn mu thràth – tapadh leibh.

Ma tha dealbhan bho Mòdan a chaidh seachad agaibh – nach cuir sibh suas iad air an duilleag seo – bidh e math am faicinn.

Royal National Mod Facebook Page

Many of you will be aware that there is a Facebook page for the Royal National Mod – please like and share our page! We will keep you up to date on here with any news, events, notices and so on, as well as on our website. If you have joined our page recently – thank you.

If you have photos from previous Mods you would like to share on our page, feel free to do so – it's great to look back at them!

An Comunn Gàidhealach



Cuidich aig Mòd Phàislig

Am biodh sibh deònach ar cuideachadh aig Mòd Phàislig?
Dè mu dheidhinn ar cuideachadh le stiùbhardachd aig aon de
na tallaichean againn? Ma tha ùidh agaibh, cuiribh fios
thugainn!

[twitter – @ModPhaislig2013](#)

[facebook – modphaislig2013](#)

Email - modphaislig2013@yahoo.co.uk

[call – 07535 514 385](tel:07535514385)

Volunteer at Paisley Mod

Would you like to be part of Mòd Phàislig? How about
stewarding at one of our venues during Mòd week? If you are
interested send us a message and we'll get in touch!

[twitter – @ModPhaislig2013](#)

[facebook – modphaislig2013](#)

Email - modphaislig2013@yahoo.co.uk

[call – 07535 514 385](tel:07535514385)

Mod 2013 Raffle

Top Prize £1000 plus various other prizes!

Keep an eye out for Local Committee members in Paisley selling
tickets at various venues throughout the week or email:

modphaislig2013@yahoo.co.uk

Mod 2013 Raffle

Top Prize £1000 plus various other prizes!

Keep an eye out for Local Committee members in Paisley selling
tickets at various venues throughout the week or email:

modphaislig2013@yahoo.co.uk



Turas Ghlaschu 29 Samhain – 01 Dùbhlachd Fosgailte gu sgoilearan S1-S4 - Cosgais £80

Tha turas againn a Ghlaschu agus fàilte oirbh uile! Tha sinn an
dòchas òigridh a thoirt còmhla bho air feadh na dùthcha. Tha
tòrr ri dhèanamh ann an Glaschu agus tha spòrs mòr gu bhith
romhainn.

Tha clàr-ama glè thrang againn a' gabhail a-steach na leanas;

Cuairt a dh'fhaicinn solais Nollaige aig Ceàrnag Sheòrais
Cuirm-ciùil le Macanta agus cothrom tachairt ri sgoilearan

Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu

An Taigh-tasgaidh Còmhhdhail

Bùithtean Ghlaschu

Taigh dealbh no bòbhladh

Ùine gu leòr eòlas a chuir air caraidean ùra!

Bidh sinn a' fuireach anns an ostail òigridh sa bhaile.

Airson tuilleadh fiosrachadh cuiribh fòn air:
01463 234 138



Glasgow Trip 29th November - 1st December Open to young people from S1 to S4 - Cost £80

We are arranging a residential trip to Glasgow open to Gaelic
speaking young people and it'd be great to have you along! We
hope to bring young people from all round the country together.

There's plenty to do in Glasgow and a fun trip ahead. A busy
itinerary is planned including the following;

Trip to see Christmas lights at George Square

Concert with Macanta and chance to meet pupils from

Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu

The Transport Museum

Bowling or cinema

Time to get to know new friends!

We'll be staying in a youth hostel in the city.

For further information please contact:
01463 234 138



Ainm/Name:
Seòladh/Address:

Fòn/Tel:
Post-dealan/Email:

Please enclose a cheque/ postal order for the correct amount or details of your Credit/ Debit Card:

[illegible]

The collage features nine book covers from the 'Fables' series by Lauren Child. The covers are arranged in a 3x3 grid. The top row includes 'My Darling', 'Dream of a Summer', and 'Fables'. The middle row includes 'Im Mackin', 'The Girl in the Red Coat', and 'The Girl in the Red Coat'. The bottom row includes 'The Girl in the Red Coat', 'The Girl in the Red Coat', and 'The Girl in the Red Coat'.

The image displays six individual envelopes, each with a unique decorative theme. The top row shows three envelopes: the first has a small green stamp and a yellow tag; the second features a colorful floral design with the text '09-10 2010/11'; the third has a green stamp and the word 'VOLUME'. The bottom row shows three more envelopes: the first has a green stamp and a yellow tag; the second features a colorful floral design with the text 'L' and '09'; the third has a green stamp and a yellow tag.

Phone: 01851703487


Òrdugh Postachd				Òrdugh Postachd				Òrdugh Postachd	
Ainm	Tìotal CD	Pris	Òrdugh	Ainm	Tìotal CD	Pris	Òrdugh		
Alasdair Fraser	Portrait of a Scottish Fiddler	£12.00		Flora Macneill	Òrain Fioraidh	£12.00		Cairtean Gàidhlig Pris—£3 <i>Cairtean Falamh</i> <i>Co-fhaireachdainn</i> <i>Co-la Breith</i> <i>(16, 18, 21, 40, 50, 60, 70, 100)</i> <i>Dachaigh Ùr</i> <i>Gealladh-Pòsaidh</i> <i>Le Dìrachd</i> <i>Leanabh Ùr Balach, Nighean</i> <i>Pòsaidh</i> <i>Taing</i> +£1.75 p&p Gu h-Iomlan	
Aly Bain & Phil Cunningham	Best of	£12.00		John Norman Macleod	Air Tilleadh Dhachaigh	£12.00			
Anna Fraser Band	West is Best	£12.00		Isobel Ann Martin	Duslach is òr	£12.00			
Arthur Cormack	Nuair a bha mi òg	£12.00		James Duncan Mackenzie		£12.00			
Angus Nicolson Trio	Lasses that Baffle us	£12.00		Joy Dunlop	Dùsgadh	£12.00			
Blair Douglas	Beneath the Beret	£12.00		James Graham	Greisean Grèine	£12.00			
Battlefield Band	Leaving Friday Harbour	£12.00		Jenna Cumming	Kintulavig	£12.00			
Calum Martin	An Dealachadh	£12.00		Kenna Campbell		£12.00			
Catherine Ann Macphee	Sùil Air Ais	£12.00		Kristine Kennedy		£12.00			
Christine Primrose	'S tu Nam Chuimhne	£12.00		Mod 2012	Mod 2012 Pieces	£12.00			
Cliar	Gun Tàmh	£12.00		Murdo Harry	In memory of Murdo Harry	£12.00			
Cruinn	Cruinn	£12.00		Mull Gaelic Choir	Smaointean	£12.00			
Deoch 'n' Dorus	The Curer	£12.00		Na Nisich	Comunn Eachdraidh Nis	£12.00			
Donald Black	Dreams and Dances	£12.00		Nicola Morrison	An Ataireachd Ard	£12.00			
Donald Angus Matheson	Eilean Mo Chridhe	£12.00		Occasionals	Birling	£12.00			
Fergie Macdonald	Live from Lochinver	£12.00		Oldhche Chiadain	Ciaradh	£12.00			
Iain Angus Macleod	Chì mi' n Tìr	£12.00		Òran ùr do Mhuile		£12.00			
Iain Mackay	Seòladh	£12.00		Riona Whyte	Bunachas	£12.00			
Iain Maciver	Nam Bhriathran Fhèin	£12.00		Rona Lightfoot	Eadarainn	£12.00			
				Skipinnish	Atlantic Roar	£12.00			

An Comunn Gàidhealach



**COMHAIRLE NAN
LEABHRAICHEAN**
THE GAELIC BOOKS COUNCIL

Sùil air an t-Saoghal Launch



Diardaoin 19mh Sultain

Thursday 19th September

6.30 - 8.00f | 6:30 - 8:00pm



MADAINN CHOFAIDH COFFEE MORNING

Tha faillte chridheil ron a h-uile duine dha na cothroman còmhraidh neo-fhoirmeil seo. Deagh chothrom cabadaich agus tuilleadh ionnsachadh mu dè na tachartasan Gàidhlig eile a tha a' dol san sgìre.

A warm welcome to everybody to these informal conversation opportunities. Great opportunity for a blether and to learn more about other Gaelic events in the area.

Sat 14th Sept	12.00-14.00	Parish Church Hall, Queen St, Castle Douglas
Thurs 19th Sept	18.00-20.00	Beltie Books & Café, 6 Bank St, Wigtown
Sat 21st Sept	10.30-12.30	Free Church Hall, George St, Dumfries

*Siuthadaibh, nach tig sibh ann airson cofaidh is còmhraidh?
Go on, why not come along for a coffee and a chat?*



01463 - 226841 www.cli.org.uk



presents an evening of Highland fiddle music with

The Kiltarn Fiddlers
and

Lauren MacColl & Ewan MacPherson



FOULIS CASTLE, near EVANTON

SATURDAY 21st SEPTEMBER

7.30pm

Tickets priced £10 (full price), £8 (concession), £30 (family of 2 adults & 2 children)
available from Fèis Rois on 01349 86 2600 / e-mail fiona.dalgetty@feisrois.org
Tickets may also be available on the door but, to avoid disappointment, please book in advance.



Fèis Rois is a company limited by guarantee, registered number SC123137, and recognised by the Inland Revenue as a Scottish Charity number SC017647.

COMUNN LEODHAIS AGUS NA HEARADH GHLASCHU

THE GLASGOW LEWIS AND HARRIS ASSOCIATION



An 126mh Consairt & Dannsa

Dihaoine 1mh Samhain
Friday 1st November

Consairt @ 7:30f | 7.30:pm
Dannsa / Dance @ 10.30f / 10.30f
Glasgow University Union

Ticeadan bhon Leanag, am Park Bar & aig an doras

Lòchran

*A' brosnachadh dualchas na Gàidhlig
Promoting Gaelic Arts and culture in Glasgow*

Na Comainn an Glaschu Rannsachadh 2013

Gàidheil Ghlaschu!

Tha An Lòchran a' deanamh beagan rannsachaidh as leth na Comainn an Glaschu.

Over the last few years the number of people attending Association events has fallen, especially amongst the younger generations, so, we want to help boost these attendance figures once again with some help from you! Yes, we'd like you to help us by answering this anonymous online survey. Please be as honest as you can and if you have any possible events ideas please let us know in answer 9! The Associations are a crucial part of our heritage in Glasgow, if we don't speak up now then numbers will only continue to dwindle and the existence of Associations will come under threat. Therefore, your comments and suggestions are extremely useful and much appreciated.

Bruthaibh air an ceangail a leanas airson pàirt a ghabhail
<http://www.surveymonkey.com/s/TB5RJP7>

Mòran taing

Glasgow's Associations Survey 2013

Calling all Glasgow Gaels!

An Lòchran is currently doing some research on behalf of the Glasgow Territorial Associations.

Over the last few years the number of people attending Association events has fallen, especially amongst the younger generations, so, we want to help boost these attendance figures once again with some help from you! Yes, we'd like you to help us by answering this anonymous online survey. Please be as honest as you can and if you have any possible events ideas please let us know in answer 9! The Associations are a crucial part of our heritage in Glasgow, if we don't speak up now then numbers will only continue to dwindle and the existence of Associations will come under threat. Therefore, your comments and suggestions are extremely useful and much appreciated.

Please visit the following link for the survey -
<http://www.surveymonkey.com/s/TB5RJP7>

Many thanks

AN CLUB GÀIDHEALACH THE HIGHLANDERS' CLUB

Dannsa Cèilidh | Cèilidh Dancing
Le Donny & Diane

Disathairne 21mh Sultain
Saturday 21st September

8:00-11:00f | 8pm - 11pm
Partick Burgh Hall
Glasgow.

EILEAN A' CHEO GLASGOW SKYE ASSOCIATION

Cuirm Fosglaidh | Opening Concert

Disathairne 21mh Sultain
Saturday 21st September

7:30 f | 19:30
Crawford Hall
110 Beith Street, Partick

Airson tuilleadh fiosrachaidh | For more
information visit:

<http://glasgowskye.org/>

Bòrd na Gàidhlig a' toirt taic do Dhuaisean Gàidhlig Nàiseanta

Tha Bòrd na Gàidhlig air compàirteachas ùr fhoillseachadh eadar iad fhèin is Media Scotland, a' bhuidheann fhoillseachaidh as motha ann an Alba, gus sreath de dhuaisean a chur air bhonn a bheir aithne phoblach air soirbheachadh ann an iomadh raon de chànan is cultar na Gàidhlig ann an Alba. Bidh Duaisean Gàidhlig na h-Alba ag aithneachadh sàr oidhirpean is soirbheachadh ann an saoghal is cultar nan Gàidheal, agus iad a' dèanamh follaiseach na h-obrach a thathar a' dèanamh gus cor is dualchas a' chànan a chumail suas.

Thuir Ceannard Bhòrd na Gàidhlig, Iain Aonghas MacAoidh: "Le bhith cur air bhonn Duaisean Gàidhlig na h-Alba, tha sinn a' stèidheachadh iomairt a bheir misneachd do dhaoine agus a bheir aithne phoblach dhan obair chruaidh, an dicheall agus an dealas a chì sinn bho na daoine a tha an sàs ann a bhith leasachadh agus a' gleidheadh na Gàidhlig, chan ann a-mhàin ann an Alba ach air feadh an t-saoghail. Cha bhi na duaisean dìreach a' toirt aithne dha mar a tha daoine a' soirbheachadh; bidh iad cuideachd ag aithneachadh nan neartan eile th' aig daoine: na comasan a th' aca, an strì a nì iad, an spàirn a nì iad, agus gu sònraichte an sàr obair a nì iad. Tha sinn air leth toilichte a bhith ag obair còmhla ri Media Scotland air a' phròiseact seo, oir tha sinn air a bhith ag obair ann am compàirt leotha fad dà bhliadhna ron seo mu thràth le Duaisean Foghlaim na h-Alba. Tha sinn fìor thoilichte gu bheil iad a' tuigsinn agus ag aithneachadh cho cudromach agus a tha e gun comharraich sinn na diofar dhòighean a bhios daoine a' cur ri cànan is cultar na Gàidhlig."

Faodaidh daoine moladh a chur a-steach air an làrach-lìn a chaidh a chruthachadh a dh'aona-ghnothach airson an sgeama. Thèid na duaisean a thoirt seachad air Diciadain 20 Samhain sna Lus-ghàrraidhean Rìoghail ann an Dùn Èideann. Bidh cuirm ann far an tèid ceòl is iomadh seòrsa ealain eile a thaisbeanadh, an dà chuid nuadh agus dualchasach, mar phàirt den oidhche.

Thuir am Ministear airson Cànanan na h-Alba, an Dr Alasdair Allan: "Tha na duaisean seo, agus na h-iomadh seòrsa duaise, ag aithneachadh cho chudromach agus a tha a' Ghàidhlig ann an Alba an latha an-diugh. Tha iad a' toirt cothrom dhuinn gairdeachas a dhèanamh ri daoine air feadh na dùthcha, bho gach raon is roinn, a tha, chan e a-mhàin nan tosgairean airson a' chànan, ach cuideachd tha iad a' brosnachadh dhaoine eile gu bhith ga h-ionnsachadh. Bu toil leam meal-a-naidheachd a chur air a' Bhòrd agus an Daily Record airson an obair chruaidh a rinn iad ann a bhith cur air chois na duaisean Gàidhlig ùra seo agus tha mi a' coimhead air adhart ri bhith cluinntinn mun iomadh duine is buidheann thoillteanach a thèid a mholadh airson duais."

A' cur fàilte air a' chompàirteachas, thuir Ailean Rennie, Prìomh Neach-deasachaidh an Daily Record: "Tha e na adhbhar moit don Daily Record gu bheil sinn gu bhith an sàs anns a' chiad Dhuaisean Gàidhlig na h-Alba. Chan eil Gàidhlig agam fhìn, ach tha sinn a' faireachdainn gu bheil e cudromach gun toir an dùthaich againn aithne phoblach don Ghàidhlig agus an iomadh dòigh sa bheil i a' cur ri ar cultar, dualchas agus na h-iomadh ceann-uidhe a tha romhainn. Tha mi a' coimhead air adhart ris an oidhche."

Bòrd na Gàidhlig to sponsor Gaelic Awards

Bòrd na Gàidhlig has announced a new partnership with Media Scotland, the largest publishing group in Scotland, to create a series of awards which look to reward all aspects of the Gaelic language and culture across Scotland. The Gaelic Awards will look to reward all aspects of Scotland's Gaelic culture and language, highlighting the excellent work undertaken to maintain its growth and heritage.

Bòrd na Gàidhlig Ceannard (CEO), John Angus MacKay said: "The creation of the Gaelic Awards is a positive step to recognise some of the hard work, dedication, and commitment of those involved in the development and maintaining of the Gaelic Language, not only in Scotland but worldwide. Awards do not only acknowledge success; they recognise many other qualities: ability, struggle, effort and, above all, excellence. We are delighted also to be working with Media Scotland on this project as it follows a successful partnership over the last 2 years in sponsoring the Scottish Education Awards. We congratulate them on recognising the importance of celebrating the contribution that a range of people make to the Gaelic language and culture in Scotland."

Entries can be made through a dedicated website for the event. The award ceremony itself will take place on the evening of Wednesday the 20th November in the Royal Botanic Gardens in Edinburgh. The celebrations will embrace a variety of traditional and modern entertainment.

Minister for Scottish Languages, Dr Alasdair Allan said: "These awards, and the variety of categories, recognise the importance of Gaelic in modern Scotland. They give us the chance to celebrate the people across the country, from all disciplines, who are not only ambassadors for the language but also help to encourage others to learn it. I would like to congratulate the Bòrd and the Daily Record for their hard work in creating these new Gaelic awards and look forward to hearing about the many deserving entries that I am sure will be submitted."

Also welcoming the partnership, Editor in Chief at the Daily Record, Allan Rennie said: "The Daily Record is proud to be part of this first Gaelic Awards. I am personally not a Gaelic speaker but we feel that it is important that our nation recognises the outstanding contribution the Gaelic language has made to our culture, heritage and our future. I am looking forward to the night."

Prògram Mòd 2013

Bidh program oifigeil a' Mhòid ri fhaighinn ann an seachdain no dhà eile. Ach cuimhnichibh gu bheil dreach de phrògram a' Mhòid ri fhaighinn air an làrach-lìn againn.

<http://www.acgmod.org/nationalmod/moddetail/draft-mod-programme/ga>

Mod 2013 Programme

The official Mod programme will be available in the next few weeks.

In the meantime though, remember that a draft programme is available on our website.

<http://www.acgmod.org/nationalmod/moddetail/draft-mod-programme>



Am biodh sibh deònach taic dìreach beagan a bharrachd air £1 sa' mhìos a thoirt dha Mòd nan Eilean Siar le bhi a' gabhail pàirt ann an Club 400? Bidh £400 ri bhuannachadh gach mìos. Seo mar a bhios e ag obair:

- ❖ Tha gach neach a' pàigheadh £5 gach mìos tron bhanca, a bheir cothrom dhuibh duais a bhuannachadh gach mìos. Faodar barrachd air aon a cheannachd sa' mhìos cuideachd - tha gach fear a' cosg £5 sa' mhìos.
- ❖ Thèid na h-àireamhan a thaghadh aon uair sa' mhìos agus ma tha sibh air pàigheadh, thèid ur h-ainm a-steach airson a' mhìos sin.
- ❖ Bidh na duaisean airson gach mìos mar a leanas: 1mh àite - £250, 2mh àite - £150 agus 3mh àite - £50 (£400 gu lèir).
- ❖ Thèid liosta den fheadhainn a bhuannaich fhoillseachadh gach mìos aig <http://www.acgmod.org/news> agus ma tha sibh air buannachadh, thèid an airgead dhan bhanca agaibh.

Ma tha sibh airson pàirt a ghabhail ann an Club 400 Mòd nan Eilean Siar, cuiribh fios gu:
An Ionmhasair, Mòd nan Eilean Siar,
Taigh a' Mhorair Leverhulme,
Ceàrnag Phearsabhail, Steòrnabhagh,
Eilean Leòdhais, HS1 2DD.

Fòn: 01851 703 487.

Post-d: dmacdonald@iname.com



Would you consider supporting the Western Isles Mod in the sum of a little over a pound a week by subscribing to a 400 Club, the 400 referring to the prize money awarded each month? This is how it works:

- ❖ Each participant pays £5 per entry per month by standing order to join, which entitles entry to each month's draw. One can have one or more entries - each entry costs £5 per month.
- ❖ A draw will be held at the end of each month and all eligible participants (i.e. all those who have paid) will be entered into the draw.
- ❖ Prizes each month will comprise of a first prize of £250, a second prize of £100 and a third prize of £50 (a total of £400).
- ❖ A list of monthly prize winners will be published at <http://www.acgmod.org/news> and the prizes will be credited to your bank account.

If you would like to take part in the Mòd nan Eilean Siar 400 Club, please contact:
The Treasurer, Mòd nan Eilean Siar,
c/o Leverhulme House,
Perceval Square, Stornoway,
Isle of Lewis, HS1 2DD.

Telephone: 01851 703 487.

Email: dmacdonald@iname.com

An Comunn Gàidhealach



Tha am Mòd Nàiseanta Rìoghail a' tighinn a Phàislig!

11mh – 19mh den Damhair 2013

“Chan eil fada ann a-nis mus bi am Mòd Nàiseanta Rìoghail ann am Pàislig. Tha sinn air leth moiteil gu bheil an Fhèis shònraichte seo a' tighinn chun a' bhaile againn, agus tha sinn a' coimhead air adhart ri fàilte bhlàth chridheil a chur oirbh uile san Damhair!”

Ealasaid Dhòmhnaillach (Neach-gairm, Mòd Phàislig 2013)



11th – 19th October 2013

“Paisley offers more than fantastic venues, excellent transport links and terrific facilities. We are at the heart of the west of Scotland, making us easily accessible to the Gaelic diaspora. We offer a community commitment to ensure that the Mòd is a success and a willingness to engage at all levels for the future development of Gaelic.”

Dihaoine 11 Dàmhair

Cèilidh Fosglaidh Mòd Phàislig le Grant MacPhàrlain

Talla Bhaile Phàislig
10.30f. £8



Disathairne 12 Dàmhair

Cèilidh le Fergie Dòmhnallach

Talla Bhaile Phàislig
9.30f. £9



Dihaoine 18 Dàmhair

Dànnsa Dheireannach Mòd Phàislig le Na Balaich Bhatarsaigh agus Cherry Grove

Talla Lagoon
10.30f. £15



Gàidhlig is Gaeilge còmhla?

Arranged in conjunction with
Gaels le Cheile

Wednesday 16 October, 7pm
Spiegeltent, County Square
£7/£5 concession





Ùine Fhathast Cur a-steach airson Farpais Ùr

Am measg thachartasan a' Mhòid tha farpais Ceanadach NicIlllòsa ann an cruth eadar-dhealaichte am-bliadhna. Thèid am farpais a chumail ann an Taigh-seinnse "Hamishes Hoose" am Pàislig tro sheachdain a' Mhòid. Gheibh am buannaiche duais a' Ceanadaich NicIlllòsa a chaidh a thoirt seachad le teaghlach Chalum Ceanadaich is Anna NicIlllòsa nach maireann. Tha ùine aig daoine fhathast cur a-steach air a shon. Ach, mura h-eil sibh airson pàirt a ghabhail, feuch gun tig sibh ann, bidh oidhche air leth gur feitheamh!

Beagan fiosrachaidh air cruth na farpaise

Thèid am farpais a chumail ann an taigh-sheinnse "Hamishes Hoose" ann am Pàislig.

Thèid cuairtean ullachaidh a chumail feasgar Disathairne 12mh, Diluain 14mh, Dimàirt 15mh, Diciadain 16mh, Diardaoin 17mh Dàmhair.

Chan fheumar pàigheadh airson na farpaise seo.

Bidh suas ri sia farpaisich anns gach cuairt ullachaidh agus thèid an t-seinneadair as fheàrr anns gach cuairt agus an neach san dàrna àite troimhe chun chuairt dheireannaich oidhche Haoine 18 Dàmhair.

Seinnidh gach farpaiseach airson eadar 6-8 mionaidean.

Feumaidh trì òrain aig a' char as lugha a bhith air an gabhail le gach farpaiseach, le co-dhiù 2 rann anns gach òran.

Feumaidh gach òran a bhith sa Ghàidhlig.

Chan fheumar ceòl neo facail nan òran a bhith air an toirt seachad.

Faodar fiosrachadh a thoirt seachad air na h-òrain, ann an Gàidhlig, eadar a bhith a' gabhail nan òran.

Faodar ceòl taic a chur ris na h-òrain. Bidh luchd-ciùil, air a' bhogsa agus air a' phiana ri fhaotainn airson taic. Faodaidh am farpaiseach ceòl a chumail riutha fhèin cuideachd.

Thèid breithneachadh a dhèanamh air an fharpais le panail bhrìtheamhan agus an luchd-èisteachd le puingeann air an toirt seachad a-mach a 10.

Fiosrachadh a thaobh thagraidhean

Ma tha ùidh agaibh ann an seo, faodar tagradh a chur a-steach fhathast gu: CeilidhSinging.Comp@hotmail.co.uk, neo le bhith a' cur fios chun a' Chomuinn Ghàidhealaich aig: info@ancomunn.co.uk neo air an fòn: 01463 709705.

Feumar àireamh fòn, seòladh agus seòladh post-dealan a bhith an cois nan tagraidhean.

Cuiribh fios thugainn dè na làithean **nach eil** a freagairt oirbh. Thèid taghadh a dhèanamh agus gheibh na farpaisich a-mach dè an latha a bhios iad a' farpais.

Still Time to Enter New Competition

The Kennedy Gillies Trophy will be up for grabs in a new ceilidh singing competition at this year's Royal National Mòd in Paisley. The competition will take place in "Hamishes Hoose" in Paisley during Mòd week. The winner will receive the coveted Kennedy Gillies Trophy which was kindly donated by the family of Calum Kennedy and Anne Gillies. There's still time to get your entry in and compete in this informal competition. However, if you don't fancy taking part, make sure and come along to enjoy the entertainment!

Information about the format

This competition will be held in Hamishes Hoose Bar in Paisley throughout Mòd week 2013.

Qualifying rounds will be held on the evenings of Saturday 12th, Monday 14th, Tuesday 15th, Wednesday 16th and Thursday 17th October.

Entry to this competition is free.

There will be a maximum of six competitors in each qualifying round and the winner of each qualifying round plus the best runner-up will go through to the grand final on the evening of Friday the 18th of October.

Each singer will perform a set of between 6 and 8 minutes in length. Each set must contain a minimum of three songs, and each song must have a minimum of two verses.

All songs must be in Gaelic.

Performers do not need to submit music or words to the adjudicators.

Links between songs should be predominantly in Gaelic.

Songs can be accompanied or unaccompanied. A pianist and an accordionist will be provided. Other accompaniment may be used but this must be played by the singer him/herself.

A panel of judges will judge the competition and will award scores out of 10. The audience will vote for their favourite and their votes will be added to the scores given by the panel of judges.

Information about applications

If you are interested, applications can still be submitted to: CeilidhSinging.Comp@hotmail.co.uk, or by contacting An Comunn Gàidhealach: info@ancomunn.co.uk or by telephone: 01463 709705.

Entries must include: Your name and contact details, either an e-mail address or a full postal address or a mobile number.

Please indicate if you are not available for one or more of the qualifying dates (NB - your non-availability on certain nights may affect your chances of being included in the competition). After the closing date a draw will be made and the contestants will be allocated a specific qualifying round.



An Comunn Gàidhealach

Oifis Steòrnabhaigh

Taigh a' Mhorair Leverhulme
Ceàrnag Phearsabhail
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2DD
Fòn: 01851 703 487
Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

Oifis Inbhir Nis

Taigh Bhail an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR
Fòn: 01463 709 705.
Post-d: rena@ancomunn.co.uk

An Comunn Gàidhealach

Stornoway Office

Leverhulme House
Perceval Square
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2DD
Telephone: 01851 703 487
Email: peigi@ancomunn.co.uk

Inverness Office

Balnain House
40 Huntly Street
Inverness
IV3 5HR
Telephone: 01463 709 705.
Email: rena@ancomunn.co.uk

Dè tha dol agaibh?

A bheil tachartasan no naidheachdan sam bith aig a' Chomataidh, Còisir no aig a' bhuidhean agaibh, a bhiodh sibh airson a chur dhan chuairt-litir seo?

Ma tha, cuiribh an fhiosrachadh gu:
marina@ancomunn.co.uk
no cuiribh fòn air 01851 703 487.

What's on?

Does your Committee, Choir or Group have any coming events or any news you may wish us to publish in this newsletter?

If so, please forward any information to:
marina@ancomunn.co.uk
or telephone 01851 703 487.

Tha cead aig a' Chomunn Gàidhealach càil sam bith a thèid a chur thuca airson a' chuairt-litir a dheasachadh ann an dòigh chothromach.

An Comunn Gàidhealach reserve the right to edit any materials submitted for inclusion in the newsletter.

Ma tha sibh airson naidheachd no fiosrachadh a chur dhan ath iris den chuairt-litir, cuiribh fios thugainn!

If you would like to contribute anything to one of our future newsletters, please get in touch!

marina@ancomunn.co.uk 01851 703 487